



Teisteanais
Nàiseanta
2025

X832/76/12

Àrd-Ìre

DIHAOINE, 2 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

**Gàidhlig
Litreachas**

Gàidhlig Literature

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Leaghadh. Cuir do fhreagairtean airson Leaghadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leaghadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiseadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



1. Rosg

- (a) *‘Tha aon tachartas air saoghal a’ phrìomh charactair a chur bun-os-cionn.’*

Seall mar a tha seo fìor ann an sgeulachd ghoirid no nobhail a leugh thu. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair diofar sgilean-sgrìobhaidh airson buaidh a thoirt air a’ charactar agus air an leughadair.

NO

- (b) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns a bheil cuspair a tha cudromach dhuinn san latha an-diugh.

Seall mar a chuir an sgrìobhadair an cuspair fa chomhair an leughadair tro phlota, charactar, shuidheachadh agus sgilean eile.

2. Bàrdachd

- (a) *‘Chan e eacarsaich-sgrìobhaidh a tha ann am pìos bàrdachd idir ach measgachadh soirbheachail de dh’fhaireachdainnean agus beairteas cànan a bheir buaidh air an leughadair.’*

Seall mar a thug aon phìos bàrdachd buaidh ort le faireachdainnean làidir agus deagh chleachdadh de chànan.

NO

- (b) Seall mar a tha pìos bàrdachd a leugh thu a’ dèiligeadh ri aon suidheachadh no ri àm sònraichte ann am beatha a’ bhàird.

Beachdaich air mar a bha am bàrd soirbheachail measgachadh de sgilean a chur gu feum airson pìos bàrdachd coileanta a chruthachadh.

3. Dràma

- (a) *‘Bidh pìos dràma soirbheachail a’ toirt sealladh inntinneach dhut de bheatha nan caractaran. Gu math tric, thèid againn air ceanglaichean a dhèanamh eadar seo agus ar beatha fhèin.’*

Seall na sgilean a chaidh a chleachdadh ann am pìos dràma gus seo a dhèanamh. Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air plota, caractaran, suidheachadh agus gnothaichean teicnigeach.

NO

- (b) Sgrìobh mu phìos dràma a tha a’ rannsachadh cuspair cudromach. Beachdaich air mar a chaidh dèiligeadh ris a’ chuspair agus na sgilean cruthachail a chaidh a chur gu feum airson an cuspair a thoirt am follais.

4. Film/Telebhisean

- (a) *'Tha cultar aig cridhe film agus TBh Gàidhlig.'*

Seall mar a chaidh cuspair cultarail a rannsachadh ann am film no prògram telebhisein. Beachdaich air na sgilean a chaidh a chur an gnìomh airson an cuspair a chur far comhair agus airson am film/prògram a dhèanamh soirbheachail.

NO

- (b) Tagh film no prògram far a bheil na ceanglaichean eadar caractaran aig cridhe na sgeulachd.

Seall mar a tha na ceanglaichean seo a' toirt buaidh air a' phlota agus beachdaich air na sgilean eile a chaidh a chleachdadh, mar eisimpleir còmhraidh, sgilean camara agus ceòl airson film/prògram èifeachdach a chruthachadh.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO